



The Duncan and Morag MacLean Studentship Roinn na Ceiltis is na Gàidhlig | Celtic and Gaelic Oilthigh Ghlaschu | University of Glasgow

[Bilingual Details – Gaelic followed by English]

1. Cùl-fhiosrachaidh | Background

Tha Roinn na Ceiltis is na Gàidhlig / Celtic and Gaelic ann an Oilthigh Ghlaschu air dìleab fhaotainn bhon Bh-uas Anna Fhionnlstan nach maireann, nighean do dh'aon de cheumnaichean Ghlaschu, a' Bh-ph Mòrag Nicllleathain (Nic an Fhleistear bho thùs) a cheumnaich le MA ann an 1928. Tha an dìleab a dh'fhàg a' Bh-uas Nicllleathain mar chuimhneachan air a pàrantan, ga cleachdadh airson oileanachd iar-cheumnach ann an Ceiltis is Gàidhlig a mhaoineachadh, a tha air a h-ainmeachadh 'Oileanachd Dhonnchaidh is Mòrag Mhicllleathain'.

Bha pàrantan Anna às na h-Eileanan Siar. Bha a h-athair Donnchadh, à Mhuile bho dhùthchas agus lean e ann an ceumannan athar a' coileanadh dreuchd-beatha aig muir; leig e dheth a dhreuchd mar mhaighistir-doca ann an Hartlepool ann an 1962. Bha a màthair, Mòrag, a b' òige de naoinear chloinne, na tidsear a bha às an Eilean Sgitheanach bho thùs.

Bha a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan - na daoine, cànan, litreachas, cultar, eachdraidh, ealain is ceòl gun choimeas - glè dhlùth do chridhe Anna agus a pàrantan Mòrag is Donnchadh, agus is ann tro am fialaidheachd agus an dòchasan airson foghlam adhartach cheumnaichean a chaidh an dìleab seo fhàgail.

Roinn na Ceiltis is na Gàidhlig / Celtic and Gaelic at the University of Glasgow is the recipient of a legacy from the late Miss Anne Finlayson MacLean, daughter of one of Glasgow's graduates, Mrs Marion (Morag) MacLean (nee Fletcher), who graduated MA in 1928. The legacy left by Miss MacLean in memory of her parents is used to fund a postgraduate studentship in Celtic and Gaelic Studies, which has been named 'The Duncan and Morag MacLean Studentship'.

Anne's parents were from the Hebrides. Her father, Duncan, was originally from Mull and followed in his father's footsteps pursuing a career at sea; he retired as a dockmaster in Hartlepool in 1962. Her mother, Morag, the youngest of nine children, was a teacher who originated from Skye.

<https://www.gla.ac.uk/subjects/celticgaelic/>

The Highlands and Islands — their unique people, language, literature, culture, history, art and music — were dear to the hearts of Anne and her parents Morag and Duncan, and it is through their generosity and hopes for the further education of graduates that this bequest has been made.

2. Geàrr-iomradh air Oileanachd | Summary of Studentship

Tha oileanachd iar-cheumnach air a bhuileachadh gu buannachd oileanaich iar-cheumnach le prìomhachas ga thoirt do na tagraichean sin a tha dùthchasach don Ghàidhealtachd agus Eileanan Siar na h-Alba, ach gun a bhith a' toirmeasg oileanaich san amharc à àiteachan eile a tha a' taisbeanadh dìoghras do Eòlas Ceilteach agus Gàidhlig agus a tha an dùil dreuchd-beatha a leantainn ann an teagasg, foghlam no rannsachadh (air a mhìneachadh ann am farsaingeachd). Tha prìomh mhion-fhiosrachadh mu Oileanachd Dhonnchaidh is Mòrag MhicIllleathain airson an t-seisein 2023-24 mar a leanas:

- Thèid an Oileanachd a bhuileachadh air oileanach no oileanaich fhreagarrach a fhuair àite air prògram Maighstireachd iar-cheumnach ann an Ceiltis is Gàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu agus ùidh aca ann an cùrsa-obrach ann an teagasg, foghlam no rannsachadh (air a mhìneachadh ann am farsaingeachd).
- Thèid an Oileanachd a bhuileachadh air oileanach no oileanaich le uireasbhaidh taic ionmhais a thaobh chosgaisean bith-beò agus / no cìsean.
- Faodar an duais mu choinneamh an t-seisein 2023-24 a ghleidheadh airson bliadhna a-mhàin gus cothrom a thoirt don tagraiche shoirbheachail crìoch a chur air prògram Maighstireachd iar-cheumnach.
- Cha bhi an duais gu h-àbhaisteach air a h-ath-ùrachadh ach ann an suidheachaidhean sònraichte.
- Tha luach iomlan de mu £10,000 san Oileanachd ann an 2023-24. Dh'fhaodadh seo a bhith air a bhuileachadh gu h-iomlan air aon tagraiche mar chothlamadh air cìsean agus tuarastal; no air a roinn eadar tagraichean a tha airidh ann an àireamh de phasgain mar thaic do phàigheadh chìsean.
- Ma thachras e nach gabh oileanach freagarrach ainmeachadh, cha tèid an duais a bhuileachadh.

A postgraduate studentship has been endowed to benefit postgraduate students, with priority being given to those applicants who are natives of the Highlands and western Islands of Scotland, but not excluding prospective students from elsewhere who demonstrate a passion for Celtic and Gaelic Studies and intend pursuing a career in teaching, education or research (broadly defined). The main details of the Duncan and Morag MacLean Studentship for session 2023-24 are as follows:

- The Studentship will be awarded to a suitable student or students accepted for a postgraduate Masters programme in Celtic / Gaelic Studies at the University of Glasgow, with career interests in teaching, education or research (broadly defined).
- The Studentship will be awarded to a student or students in need of financial support in respect of living expenses and / or fees.

<https://www.gla.ac.uk/subjects/celticgaelic/>

- The award for session 2023-24 is tenable for one year only to enable the successful candidate(s) to complete a Master's postgraduate programme.
- The award will not normally be renewed unless in exceptional circumstances.
- The total funds available to the Studentship in 2023-24 are approx. £10,000. This may be awarded to one candidate in total as a combination of fees and stipend; or split among deserving candidates into a number of packages of support for payment of fees.
- In the event of no suitable student being identified, no award will be made.

3. Riatanasan air Neach-glèidhidh na Duaise | Requirements on Award Holder

Bidh e mar fhiachaibh air neach-glèidhidh Oileanachd Dhonnchaidh is Mòrag MhicIlleathain aithisg ghoirid a libhrigeadh gu Ceannard na Ceiltis is Gàidhlig mun adhartas aige/aice aig deireadh an t-seisein acadaimigich sa bheil an Oileanachd air a buileachadh, còmhla ri aithisg dheireannach no adhartais (mar a tha iomchaidh) bhon stiùiriche aige/aice no bho Neach-gairm a' Phrògram.

Thathas ag iarraidh air neach-glèidhidh na h-Oileanachd aithne a thoirt do thaic Oileanachd Dhonnchaidh is Mòrag MhicIlleathain anns an tràchdas dheireannach aca agus ann am foillseachaidhean a thig às an rannsachadh iar-cheumnach a tha maoinichte leis an Oileanachd.

The holder of the Duncan and Morag MacLean Studentship will be required to submit a brief report on his/her progress to the Head of Celtic and Gaelic at the end of the academic session in which the Studentship is held, together with a progress or final report (whichever is applicable) from his/her supervisor or programme Convener.

The recipient of the Studentship is requested to acknowledge support from the Duncan and Morag MacLean Studentship in their final thesis and in publications arising from the PG research funded by the Studentship.

4. Modh Tagraidh | Method of application

Bu chòir tagraidhean a bhith air an cur a-steach air post-d gu an Dr Geraldine Parsons, geraldine.parsons@glasgow.ac.uk gun a bhith nas fhaide na **5f** (uair ionadail) air **Dihaoine 4 Lùnastal 2023**.

Bu chòir do na leanas a bhith an cois an tagraidh:

1. Cunntas-beatha iomlan.
2. Litir a' mìneachadh carson a bu mhiann leibh gun deigheadh beachdachadh oirbh airson na h-Oileanachd seo, a' toirt mion-fhiosrachadh mu thaic-airgid sam bith eile a fhuair sibh no air an do rinn sibh tagradh, a tha co-cheangailte ri ur prògram Maighstireachd iar-cheumnach.
3. Tuairisgeul goirid mun rannsachadh làithreach agaibh agus ur n-ùidhean a thaobh dreuchd-beatha (mu aon duilleag)
4. Dearbhadh air ur n-intreagadh gu prògram Maighstireachd ann an Ceiltis is Gàidhlig, no brath gu bheil an t-iarrrtas agaibh a' feitheamh air cead.

<https://www.gla.ac.uk/subjects/celticgaelic/>

Faodar conaltradh neo-fhoirmeil a dhèanamh leis an Dr Parsons,
geraldine.parsons@glasgow.ac.uk.

Thèid neach/luchd-glèidhidh na h-Oileanachd a thaghadh stèidhichte air adhbharan piobrachaidh agus comas acadaimigeach dearbhte. Dh'fhaodte gun cumar agallamhan le tagraichean air a' gheàrr-liosta agus gun tèid taghadh a dhèanamh le Ceannard na Ceiltis is Gàidhlig agus le riochdaire a bharrachd bho Cheiltis is Gàidhlig no cuspair ceangailte.

Applications should be submitted by e-mail to Dr Innes on Sim.Innes@glasgow.ac.uk not later than 5pm (local time) **Friday 4 August 2023**.

Each application should consist of the following:

5. A fully collated curriculum vitae.
6. A covering letter explaining why you wish to be considered for this Studentship, detailing any other funding secured and/or applied for in connection with your PG Master's programme.
7. A brief outline of your current research and career interests (approx. one page).
8. Proof of your admission into a Master's programme in Celtic & Gaelic, or indication that your application is currently awaiting approval.

Informal enquiries may be made to Dr Innes, email: Sim.Innes@glasgow.ac.uk

The selection of the Studentship holder or holders will be on the basis of motivation and proven academic ability. Shortlisted applicants may be interviewed and selected by the Head of Celtic and Gaelic and by a further representative from Celtic and Gaelic or a related discipline.

<https://www.gla.ac.uk/subjects/celticgaelic/>